HMIE | His Majesty's Inspectorate of Education in Scotland
Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba

Preantasachdan Nuadha

Toraidhean sgrùdaidh airson nam bliadhnaichean acadaimigeach 2023 gu 2026

Clàr-innse

Geàrr-chunntas gnìomhach 3
Facal-toisich 3
An dealbh nàiseanta 4
Prìomh theachdaireachdan 5
Prìomh theachdaireachdan a rèir seòrsa solaraiche 9
Fastaichean 9
Solaraichean trèanaidh neo-eisimeileach 10
Colaistean 10
Àidseantan stiùiridh 11
Solar ùghdarrais ionadail 12
Prìomh phrìomhachasan leasachaidh gu nàiseanta 12
Teachdaireachd iomlan 13

Geàrr-chunntas gnìomhach

Tha raon nam Preantasachdan Nuadha (MA) fhathast làidir san fharsaingeachd. Tha com-pàirteachadh fhastaichean, taic do phreantasan agus ionnsachadh san àite-obrach èifeachdach thar gach seòrsa solaraiche.

'S e buileachadh am prìomh eadar-dhealachadh eadar coileanadh sholaraichean, gu h-àraid ann am foghlam tràth-ìrean is cùram-chloinne, am measg phreantasaichean a tha nas sine agus air colaistean mòra ioma-champas. Barrachd is barrachd, tha meata-sgilean follaiseach, ach chan eilear fhathast gan leabachadh, gan tracadh agus a' toirt seachad fianais mun deidhinn gu cunbhalach thar a h-uile solaraiche. Feumaidh dearbhadh càileachd agus fèin-luachadh gluasad air adhart bho bhith a' cur fòcas air pròiseas gu bhith a' nochdadh leasachadh a ghabhas tomhas ann an toraidhean phreantasan.

Tha cleachdadh a thaobh dìon làidir san fharsaingeachd, ach tha riaghlachas, dearbhadh agus marasgladh uile feumach air neartachadh a bharrachd ann am modailean lìbhrigidh iom-fhillte. Tha com-pàirteachadh agus riochdachadh a rèir gnè, ciorram, eòlas air cùram agus cinnidheachd fhathast nan dùbhlain leantainneach gu nàiseanta, agus mar sin tha feum ann air gnìomhan leantainneach a ghabhas tomhas.

Facal-toisich

Bidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh (HMI) a' gabhail os làimh sgrùdaidhean air a h-uile seòrsa solaraiche a tha an sàs ann am Preantasachdan Nuadha. Tha iad seo a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, fastaichean, àidseantan stiùiridh, colaistean, oilthighean agus solaraichean trèanaidh neo-eisimeileach. Bidh sgrùdaidhean air am planadh gu co-obrachail eadar an solaraiche agus HMI. Bidh Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) a' toirt seachad fiosrachadh air coileanadh nan solaraichean, a' gabhail a-steach dàta buntainneach, gus taic a thoirt don phròiseas. Bidh HMI a' dèanamh luachadh air càileachd solar an trèanaidh agus air eòlasan is toraidhean nam preantasan is luchd-ùidh, fastaichean nam measg.

Tha fianais bho sgrùdaidhean a rinneadh sna trì bliadhnaichean mu dheireadh (2023 gu 2026) a' nochdadh grunn theachdaireachdan soilleir.

Tha raon nam Preantasachdan Nuadha gu bunaiteach làidir. Tha luchd-sgrùdaidh a' cumail orra ag aithneachadh:

- com-pàirteachadh glè èifeachdach le fastaichean
- taic làidir do phreantasan
- ionnsachadh buntainneach san àite-obrach
- toraidhean adhartais deimhinneach thar na mòr-chuid de sheòrsaichean solaraiche

Ach tha buileachadh, dearbhadh càileachd agus fèin-luachadh airson adhartas, leasachadh meata-sgilean agus fianais air buaidh uile fhathast nan dùbhlain taobh a-staigh an raoin.

Thar stèidh na fianaise, tha na solaraichean as làidire a' coimeasgadh eòlasan deimhinneach le preantasan còmhla ri buaidh a ghabhas tomhas. Tha iad a' nochdadh buileachadh làidir, ullachaidhean airson leasachadh càileachd a tha eagarach, stiùireadh coileanaidh èifeachdach agus fianais shoilleir air toraidhean leantainneach.

An dealbh nàiseanta

Thar cheann, tha càileachd solar phreantasachdan fhathast làidir. Tha solaraichean àrd-dèanadach a' cumail orra a' faighinn luachaidhean glè dheimhinneach thar a h-uile eileamaid.

A thaobh nan solaraichean le dèanadas nas ìsle, mar is trice tha coimeasgadh aca de bhuileachadh nas laige, fèin-luachadh nach eil cho èifeachdach agus stiùireadh coileanaidh neo-chunbhalach. Anns na solaraichean seo, tha eòlasan is toraidhean airson phreantasan air am beagachadh mar thoradh air sin.

Tha a' bhèarn eadar na solaraichean as làidire agus na solaraichean as laige ga leudachadh.

Tha solaraichean àrd-dèanadach a' nochdadh:

- co-thaobhadh ro-innleachdach soilleir eadar lìbhrigeadh phreantasachdan agus feumalachdan an fheachd-obrach
- cultaran càileachd a tha abaich

- fèin-luachadh làidir
- toraidhean làidir
- teicneòlasan didseatach gan cleachdadh gu h-èifeachdach
- ìrean àrda de sheilbheadaireachd am measg fhastaichean

Air a chaochladh, dh'fhaodadh solaraichean le dèanadas nas ìsle neartan co-choltach a nochdadh a thaobh taic do phreantasan agus com-pàirteachadh fhastaichean, ach chan eil na neartan sin air an eadar-theangachadh gu cunbhalach gu buileachadh leantainneach no leasachadh coileanaidh a ghabhas tomhas.

Prìomh theachdaireachdan

'S e reataichean buileachaidh am prìomh eadar-dhealachadh airson coileanadh

Tha buileachadh phreantasachdan mar fhactar cudromach a thaobh toraidhean sgrùdaidh gu nàiseanta.

Tha coileanadh a thaobh buileachadh mar fhactar coitcheann ann an luachaidhean nas ìsle, gu h-àraid airson nan solaraichean a tha nan colaistean mòra agus cuid de sholaraichean trèanaidh neo-eisimeileach, agus gu h-àraid airson phreantasan a tha 20 bliadhna a dh'aois no nas sine.

Bu chòir do sholaraichean eòlasan preantasachd deimhinneach a lìbhrigeadh, agus a bharrachd air sin bu chòir dhaibh a bhith a' nochdadh toraidhean làidir a thaobh crìochnachadh is buileachadh a bhios a' leigeil le preantasan cinn-uidhe dheimhinneach leantainneach fhaighinn. Gidheadh, sa mhòr-chuid de chùisean, bidh crìochnachadh soirbheachail a' leigeil le preantasan cosnadh leantainneach fhaighinn.

Mar sin, tha e mar phrìomhachas gu nàiseanta a bhith a' toirt piseach air ìrean ìosal de bhuileachadh, de chrìochnachadh agus de choileanadh frèam-obrach, gu h-àraid airson:

- foghlam tràth-ìrean agus solar cùraim chloinne
- preantasan a tha nas sine
- solaraichean a tha nan colaistean mòra ioma-champas
- cuid de sholaraichean trèanaidh neo-eisimeileach

Tha meata-sgilean mar phrìomh chuspair airson leasachadh gu nàiseanta

A thaobh chuspairean ceangailte ris a' churraicealam, 's e meata-sgilean, agus mar a ghabhas an leasachadh agus an leabachadh, an cuspair as follaisiche.

Thar cheann, tha solaraichean a' toirt taic do mheata-sgilean, le bhith gan aithneachadh agus gan clàradh, ach tha dùbhlain ann fhathast a thaobh an leabachadh is an tracadh gu cunbhalach, agus a thaobh tuigse phreantasan agus fianais air buaidh.

Tha diofar mòr ann eadar na solaraichean far a bheil tuigse shoilleir aig preantasan air meata-sgilean agus comas aca a bhith gam mìneachadh agus na solaraichean far a bheil dìth mothachaidh orra am measg phreantasan is fastaichean.

Mar phrìomhachas nàiseanta, feumaidh solaraichean gluasad seachad air a bhith a' toirt a-steach meata-sgilean gu bhith gan leabachadh, a' tomhas mar a thathar gan leasachadh agus a' toirt fianais air a' bhuaidh a th' aca ann an dòigh eagarach thar a h-uile pròram preantasachd.

Tha fèin-luachadh a' gluasad bho phròiseas gu buaidh

Chan eil ullachaidhean is modhan-obrach a thaobh càileachd daonnan ag adhbharachadh leasachadh so-dhearbhte. Tha ullachaidhean a thaobh fèin-luachadh fhathast neo-chunbhalach thar sholaraichean. Gu tric, tha seo mar thoradh air dìth meòrachaidh am measg luchd-obrach, dìth conaltraidh agus dìth phlanaichean-gnìomha airson leasachadh.

A-rithist is a-rithist, tha luchd-sgrùdaidh air aithneachadh gu bheil feum ann air neartachadh a thaobh mhodhan-obrach airson fèin-luachadh, cleachdadh dàta coileanaidh agus com-pàirteachadh luchd-ùidh ann an ullachaidhean càileachd. Ro thric, tha planaichean-gnìomha airson leasachadh lag agus tha luachadh air gnìomhachd leasachaidh cuingealaichte, agus tha seo a' lagachadh comas nan solaraichean a bhith a' putadh air adhart leasachadh.

Feumaidh an raon prìomhachas a thoirt air mar a ghabhas fèin-luachadh stèidhichte air fianais a neartachadh, le ceanglaichean nas soilleire eadar gnìomhan, ceuman coileanaidh agus a' bhuaidh a th' aca air toraidhean airson phreantasan.

Tha ùr-ghnàthachadh didseatach mar fheart a tha a' mìneachadh coileanadh àrd

'S e lìbhrigeadh air a mheudachadh le teicneòlas aon de na feartan as làidire a tha aig na solaraichean àrd-dèanadach thar an raoin gu nàiseanta. Mar is trice, tha fianais air seo far a bheilear gu soirbheachail a' cleachdadh mhodhan-obrach leithid:

- pasganan-d
- tional fianais gu didseatach
- modailean ionnsachaidh ioma-dhòigheach
- siostaman soifiostaigeach airson preantasan a thracadh
- measadh san àite-obrach air a bheò-chraoladh

Barrachd is barrachd, tha na solaraichean as àrd-dèanadaiche a' cleachdadh shiostaman didseatach chan ann a-mhàin airson lìbhrigeadh ach airson taic a thoirt do dhearbhadh càileachd, com-pàirteachadh phreantasan agus cumail sùil air coileanadh.

Bu chòir don raon a bhith ag amas air measadh didseatach èifeachdach agus modhan-obrach a thaobh tracadh phreantasan a leudachadh ann an dòigh nas cunbhalaiche air feadh solar.

Tha taic, sunnd agus dìon airson phreantasan làidir thar cheann

'S e an taic chunbhalach a bhios solaraichean a' toirt seachad airson sunnd agus feumalachdan aireachail am preantasan aon de na feartan as deimhinniche a chunnacas le luchd-sgrùdaidh. Tha luchd-sgrùdaidh gu tric ag aithneachadh taic làidir airson inntinn slàinte agus sunnd, cùram aireachail so-ruigsinneach, deagh dhàimhean le luchd-measaidh agus dòighean-obrach freagairteach a thaobh dìon. Ann an solaraichean àrd-dèanadach, tha na h-ullachaidhean seo air am pearsanachadh, air an tuigsinn gu math le preantasan agus air an leabachadh ann an lìbhrigeadh

làitheil. Tha iad a' cur gu deimhinneach ri misneachd, com-pàirteachadh agus adhartas nam preantasan.

Ach tha marasgladh air dìon fhathast na dhùbhlan maireann, gu h-àraid far a bheilear a' fo-chùmnantachadh solar no far a bheil modailean lìbhrigidh sgèile mhòr gan cleachdadh. Tha fianais sgrùdaidhean a' sealltainn gum feum an raon barrachd fòcas a chur air:

- riaghlachas a thaobh dìon
- cunntachalachd
- mothachadh fhastaichean
- marasgladh cunbhalach thar luchd-pàirt lìbhrigidh

Tha e mar phrìomhachas cudromach gu nàiseanta a bhith a' neartachadh riaghlachas a thaobh dìon agus a' neartachadh dearbhadh thar a h-uile solar airson phreantasachdan nuadha, le fòcas sònraichte air solaraichean a tha a' toirt taic do phreantasan aig aois 18 agus nas òige agus orrasan a tha ag obrachadh thar mhodailean lìbhrigidh a tha sgapte no iom-fhillte. Feumaidh solaraichean dèanamh cinnteach:

- gu bheil dìon agus modhan a thaobh dìon chloinne air an tuigsinn gu cunbhalach agus air an cur an gnìomh le luchd-obrach, le fastaichean agus le luchd-pàirt
- gu bheil measaidhean cunnairt làidir ann airson phreantasan òga a tha a' siubhail no a tha a' fuireach air falbh bhon dachaigh
- gu bheil trèanadh agus mothachadh fon phròg ram Prevent air an leabachadh gu h-iomlan

Mar thoradh air seo, bu chòir gu bheil dòighean-obrach a thaobh dìon a' gluasad bho ghèilleadh gu modh-obrach nas eagaraiche a tha stèidhichte air fianais, far a bheilear a' nochdadh marasgladh èifeachdach, gnìomhan tìmeil agus dìon leantainneach airson phreantasan.

Tha co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas fhathast nan dùbhlain

Tha com-pàirteachadh agus riochdachadh phreantasan aig a bheil feartan dìonta fhathast nan dùbhlain gu nàiseanta airson raon nam preantasachdan nuadha. Tha luchd-sgrùdaidh a' leantainn orra ag

aithneachadh chùisean-iomagain mu mhì-chothroman a thaobh com-pàirteachadh agus riochdachadh am measg phreantasan bho raon de chùl-raointean, agus mun bhuaidh a thathar a' faighinn bho ro-innleachdan co-ionannachd nas fharsainge. Ged a tha mòran sholaraichean ann aig a bheil poileasaidhean is ro-innleachdan iomchaidh, tha luchd-sgrùdaidh gu tric a' lorg nach eil iad ag adhbharachadh leasachadh a tha so-dhearbhte no gu leòr.

Tha beàrnan ath-thachartach agus leantainneach ann a thaobh com-pàirteachadh, a' gabhail a-steach:

- boireannaich ann am frèamaichean-obrach saidheans, einnseanaireachd, teicneòlas agus matamataig (STEM)
- fireannaich ann an cùram-chloinne
- preantasan bho mhion-shluaghan cinnidheach
- preantasan ciorramach
- preantasan le eòlas air cùram

Leis gu bheil na cùisean seo cho leantainneach, is dòcha gu bheil co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas feumach air aire ro-innleachdach thar raointean, le fòcas nas làidire air gnìomhan a ghabhas tomhas agus buaidh so-dhearbhte.

Prìomh theachdaireachdan a rèir seòrsa solaraiche

Fastaichean

Tha solaraichean fastaiche a' coileanadh gu làidir gu nàiseanta. Tha na prìomh neartan aca a' gabhail a-steach:

- planaichean feachd-obrach làidir
- preantasan air am meas mar luchd-obrach seach mar bhuidheann phreantasan air leth
- ìrean àrda de sheilbheadaireachd taobh a-staigh na buidhne
- ceanglaichean dìreach eadar trèanadh agus toraidhean gnothachais
- buileachadh làidir agus toraidhean adhartais làidir

'S e am prìomh dhùbhlan a tha a' tighinn am bàrr airson sholaraichean fastaiche a bhith a' cumail suas coileanadh àrd, a' glèidheadh buileachadh

làidir am measg phreantasan nas òige agus a' cumail orra a' leudachadh com-pàirteachadh.

Solaraichean trèanaidh neo-eisimeileach

Tha solaraichean trèanaidh neo-eisimeileach (ITPs) a' coileanadh gu làidir thar cheann.

Tha na neartan aca a' gabhail a-steach:

- ceanglaichean làidir le fastaichean
- lìbhrigeadh sùbailte
- modhan-obrach measaidh ùr-ghnàthach
- ullachaidhean taice leis a' phreantas aig a' mheadhan

Tha na dòighean-obrach lìbhrigidh fa leth aig ITPs a tha air am freagarrachadh do fheumalachdan an fhastaiche gu tric a' cuideachadh le reataichean nas luaithe airson crìochnachadh am measg phreantasan. Tha seo cuideachd a' toirt taic do phreantasan a bhith a' gluasad a-steach gu cosnadh maireann no gu barrachd trèanaidh thar ùine nas giorra.

Tha na dùbhlain a thathar ag aithneachadh gu coitcheann airson sholaraichean den t-seòrsa seo a' gabhail a-steach:

- tracadh cheann-uidhe
- com-pàirteachadh agus riochdachadh
- buileachadh am measg phreantasan a tha nas sine
- cunbhalachd fèin-luachaidh

Colaistean

'S ann aig colaistean a tha am pròfaidhl as ioma-chùisiche ann an sgrùdaidhean gu nàiseanta, agus tha colaistean nas lugha mar is trice a' coileanadh nas fheàrr na na colaistean as motha. Tha na neartan cunbhalach am measg lìbhrigeadh phreantasachdan le colaistean a' gabhail a-steach:

- com-pàirteachadh làidir le fastaichean

- sàr ghoireasan dreuchdail
- luchd-obrach eòlach
- buaidh air an fheachd-obrach roinneil

Ach tha colaistean cuideachd a' nochdadh nan laigsean as cumanta gu nàiseanta, a' gabhail a-steach:

- reataichean buileachaidh nas laige
- stiùireadh coileanaidh neo-chunbhalach
- meata-sgilean air an leabachadh gu ìre chuingealaichte
- gainnead de fhèin-luachadh airson leasachadh
- tracadh cheann-uidhe nach eil cho eagarach

Chan eil dealbhadh agus lìbhrigeadh a' churraicealaim ann an colaistean an-còmhnaidh air am freagarrachadh gu foghainteach ri feumalachdan fhastaichean fa leth. Uaireannan, chan eil sgilean an àite-obrach a' co-thaobhadh gu leòr ri cleachdadh a tha a' tighinn am bàrr ann an gnìomhachas.

'S e am prìomhachas airson an raoin, gu h-àraid airson cholaistean mòra ioma-champas, a bhith a' leasachadh buileachadh agus a bhith a' neartachadh forfhais air coileanadh gus am faod rùintean ro-innleachdach a bhith air an eadar-theangachadh ann an dòigh nas cunbhalaiche gu toraidhean preantasachd soirbheachail.

Àidseantan stiùiridh

Thar cheann, tha àidseantan stiùiridh a' lìbhrigeadh reataichean àrda de bhuileachadh am measg phreantasan. Tha iad air ullachaidhean riaghlachais a thaobh dìon, a tha foghainteach, a chur air dòigh le fo-chùmhnantaichean.Uaireannan, ge-tà, tha na h-ullachaidhean seo feumach air neartachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil marasgladh cunbhalach ann thar mhodailean lìbhrigidh iom-fhillte.

San fharsaingeachd, tha iad a' cumail suas deagh dhàimhean agus tha iad ag obair gu math ann a bhith a' stiùireadh coileanadh, lìbhrigeadh san àite-obrach agus measadh.

Tha com-pàirteachadh nam fo-chùmhnantaichean ann an gnìomhachdan fèin-luachaidh ro chuingichte. Tha seo a' cuingealachadh nan cothroman a bhith ag aithneachadh neartan co-roinnte, èifeachdas dearbhadh càileachd agus leasachadh an t-solair san fharsaingeachd.

'S e am prìomh phrìomhachas gu nàiseanta a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cunntachalachd shoilleir ann a thaobh toraidhean nam preantasachdan, dìon agus leasachadh coileanaidh thar a h-uile ullachadh le luchd-pàirt.

Solar ùghdarrais ionadail

Tha solar ùghdarrais ionadail a' nochdadh fheartan a tha gu h-àraid làidir.

Tha neartan a' gabhail a-steach:

- co-thaobhadh ri prìomhachasan eaconamach ionadail
- modailean ùr-ghnàthach a tha a' cur fòcas air a' choimhearsnachd
- sùbailteachd a thaobh feumalachdan na margaidh-obrach ionadail a choileanadh
- taic phearsanaichte

Mar sin, is dòcha gu bheil comas mòr ann airson preantasachdan a chleachdadh mar uidheaman airson seasmhachd coimhearsnachd, leasachadh an fheachd-obrach dhùthchail agus fàs eaconamach stèidhichte air àitichean.

'S e am prìomhachas leasachaidh airson solar ùghdarrais ionadail a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na neartan seo a' faighinn taic le fianais chunbhalach air buileachadh, adhartas agus buaidh a ghabhas tomhas thar phrògraman.

Prìomh phrìomhachasan leasachaidh gu nàiseanta

'S iad na prìomhachasan leasachaidh gu nàiseanta as cudromaiche a bhith:

- ag àrdachadh reataichean buileachaidh is crìochnachaidh far a bheil iad ìosal, gu h-àraid taobh a-staigh cuid de fhreàmaichean-obrach, solar colaiste agus am measg phreantasan a tha nas sine
- a' gluasad seachad air àrdachadh mothachaidh a thaobh mheata-sgilean agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad air an leasachadh agus air an tracadh ann an dòigh eagarach agus gu bheilear a' toirt seachad fianais a thaobh buaidh
- a' neartachadh fèin-luachadh agus planaichean gnìomha gus taic a thoirt do leasachadh a ghabhas tomhas agus gus beachdan luchd-ùidh a ghabhail a-steach
- a' leasachadh tracadh cheann-uidhe tro sgrùdadh cunbhalach air adhartas agus air a' bhuaidh fhad-ùinich aige
- a' leasachadh com-pàirteachadh agus riochdachadh thar raointean, a' gabhail a-steach airson phreantasan boireann, preantasan à mion-shluaghan cinnidheach, preantasan ciorramach agus iadsan le eòlas air cùram
- a' neartachadh marasgladh air modailean lìbhrigidh iom-fhillte, gu h-àraid solar air fho-chùmnantachadh agus ullachaidhean àidseint stiùiridh a tha ag obrachadh aig sgèile, le fòcas soilleir air riaghlachas a thaobh dìon, dearbhadh càileachd agus cunbhalachd.

Teachdaireachd iomlan

Tha fianais bho sgrùdaidhean a' nochdadh siostam phreantasachdan nuadha ann an Alba a tha fhathast làidir is freagairteach agus far a bheil am preantas aig a' mheadhan barrachd is barrachd.

Tha na solaraichean as làidire a' coimeasgadh sàr thaic airson phreantasan le stiùireadh coileanaidh mionaideach agus leasachadh air a phutadh air adhart le fianais.

Cha bu chòir soirbheas a bhreithneachadh stèidhichte air eòlasan deimhinneach phreantasan is riarachas fhastaichean a-mhàin. Feumaidh solaraichean a bhith a' nochdadh:

- ullachaidhean càileachd a tha gu cunbhalach làidir
- com-pàirteachadh a tha nas cothromaiche
- buileachadh nas làidire
- buaidh a ghabhas tomhas